

Clann an latha an-dè



Bruach a' Chuaraidh, 1897

Am Muga Dìomhair

An Sgeulachd

Tha an sgeulachd a' gabhail àite ann an 1897 ann an Bruach a' Chuaraidh rè àm Iubailidh Daoimein na Bànrigh Bhictoria.

Tha Muga Iubailidh Ealasaid air a dhol air chall. Ach càit am biodh e? Tha cuideigin air falbh leis, ach cò?

Bùth-obrach



Bha bùth-obrach aig tarragadairean mar bu trice air cùl an taighe. B' e àiteachan dorch, dustach, teth a bh' ann. Dh'fheumte iarann a chur dhan teine is a theasachadh gus an gabhadh a chumadh le òrd. Airson tarrag a dhèanamh dh'fheumte an toiseach a buaileadh le òrd gus an tigeadh gob biorach oirre. B' e obair shalach, throm a bh' ann.

Nithean



Bhathas a' dèanamh tharragan à pìoban fada iarainn. Bha na pìoban gan ceannach à taighean-bathair. Uaireannan, dheigheadh clann a chur a dh'iarraidh nam pìoban troma.

Gheibhte tarragan de gach cumadh is meud, ach bha an fheadhainn chumanta gan dèanamh ann am factaraidhean, is mar sin bha e doirbh bith-beò a dhèanamh à obair tharrag. Fhuair na fir obraichean eile nam b' urrainn dhaibh.



Airson pìoban iarainn a ghearradh is an cumadh nan tarragan, feumaidh an t-iarann a bhith air a theasachadh gus am bi e geal-theth. Chan eil teine nàdarrach teth gu leòr, is mar sin feumar èadhar a shèideadh tron teine gus a dhèanamh tòrr nas teotha. Sin a bhios balg-sèididh a' dèanamh. B' e seo obair a bhiodh clann tric a' dèanamh.



Seo cana-tì. Bha iad aig a' chuid mhòr de tharragadairean. Dh'fheumadh iad tòrr òl oir bha an obair cho teth. Bhiodh boireannaich ag obair sa bhùth-obrach airson dà uair dheug, no barrachd, a' mhòr-chuid de làithean. Bha e glè dhoirbh dhaibh oir bha aca cuideachd ris a' chòcaireachd, an obair-ghlanaidh agus an nigheadaireachd a dhèanamh.



Cha b' ann airson nigheadaireachd a bha a' bhasgaid-nigheadaireachd seo idir, b' ann a bha i airson leanabh a chur innte. Cha ruigeadh tarragadairean boireann air sgur a dh'obair eadhon nuair a bhiodh pàiste aca. Mar sin, bha iad gan cumail rin taobh sa bhasgaid-nigheadaireachd fhad 's a bha iad ag obair.



Carson a dheigheadh feuchainn ri doile a dhèanamh à seann bhròig caithte agus pìosan luideige? Seach nach robh airgead aig daoine airson dèideagan a cheannach. Bha e tòrr na bu chudromaiche pàigheadh airson biadh is àite-còmhnaidh. Mar sin, dh'ionnsaich clann dèideagan a dhèanamh a-mach à rud sam bith a lorgadh iad. Na rinn cuideigin seo mar thiodhlac? Ma rinn, 's e cuimhneachan sònraichte a th' ann.

Luchd-fianais



"Ealasaid bhoichd. 'S i a bha toilichte nuair a thug i am Muga Iubailidh ud dhachaigh às an sgoil an-dè.

An uair sin, dh'fhàs i troimh-a-chèile. A' cuimhneachadh air Neilidh bheag, a piuthar. Uill, chan eil ach seachdainean bho chaochail i. Cha robh i ach còig mìosan a dh'aois.

"Bheil fhios agad, a mhàthair," thuirt i. "Nam faigheadh sinn Neilidh air ais, ged is deagh thoigh leam e, bheirinn am muga dhith." Bhris e mo chridhe. Uill, madainn an-diugh thuirt mi rithe a chur ann an àite follaiseach air sgeilp a' chidsin.

Co-dhiù, bha Ealasaid a' sèideadh a' bhuilg-shèididh dhomh madainn an-diugh, ach aig àm dìnnearach chuir mi i air falbh gu Fèill an Iubailidh. An dèidh sin, chaidh mi a-steach dhan taigh agus cha robh sgeul air a' mhuga! Ach cò bhiodh air falbh leis?

Cha robh duine air a bhith a-staigh ach Anna Bennett, deagh charaid Ealasaid. Thàinig i a-steach is thuirt i gun robh a màthair a' faighneachd am faodadh i iasad fhaighinn de leth-chupa fùdar mustaird. Thuirt mi rithe, "tha e air an taobh sa chidsin, cuidich thu fhèin."

An uair sin, dìreach an dèidh sin, chuala mi Ailean, air tilleadh bhon taigh-seinnse. Cha chuirinn e seachad air, falbh leis a' mhuga. Cha b' e a' chiad uair a thug e rudeigin a-mach às an taigh is a rinn e iomlaid air airson leann no tombaca. Tha mise a' smaoineachadh gur ann aigesan a bha e!

Seallaidh mi sa chidsin a-rithist.

Sgeulachd

Bùth-obrach: Chan eil sgeul air Muga Iubailidh Ealasaid. Tha iomagain mhòr air Oighrig mu Ealasaid, a tha gu math troimh-a-chèile an dèidh bàs a peathar bhig, Neilidh. Bhiodh Ealasaid airson am muga a roinn le Neilidh nam biodh i beò.

Cidsin



B' e àite-teine mòr no stòbha an t-aon inneal còcaireachd a bha sa chidsin seo. 'S e dorsan nan àmhainnean na dorsan beaga a th' air gach taobh den teallach. Air mullach nan àmhainnean tha àiteachan airson coire no sgeileid. Dh'fhaodar biadh eile a chrochadh gu h-àrd agus a bhrùich os cionn lasraichean an teine. Seach gur e seo an t-aon dòigh air còcaireachd a dhèanamh dh'fheumte an teine a chumail a' dol fad an t-siubhail.


Nithean



Dh'fheumadh teaghlaichean tharragadairean smaoineachadh mu ciamar a bha iad dol a chosg a h-uile sgillinn. Biadh, gual is màl an toiseach, agus dheigheadh rudan eile a cheannach ma bha gu leòr airgid air fhàgail. Fhuair cuid de na fir cofhurtachd bho bhith a' smocadh tombaca is ag òl leann. Dhèanadh iad rud sam bith gus airgead fhaighinn airson sin eadhon ged a bhiodh am mnathan is an cuid cloinne a' fulang.



Bha aran a' cumail teaghlaichean bochd beò. Cha robh mòran airgid aca is mar sin bhiodh iad a' ceannach biadh a bha saor is a chuireadh an t-acras dhiubh. B' e aran a b' fheàrr oir gheibheadh tu air ithe le biadh sam bith. Nuair a bha cùisean math dh'itheadh tu e le stiubha theth no le ugh is hama. Nuair a bha cùisean cruaidh dh'itheadh tu na aonar e. Bha aran ùr le ìm is siùcair saor agus a' còrdadh ris a' chloinn.



Airson an taigh a shoilleireachadh, bhiodh teaghlaichean tharragadairean a' cleachdadh coinnealan no lampaichean ola. Bha lampaichean ola glè chunnartach. Nan deigheadh lampa ola bun os cionn, dh'fhaodadh am paireafain a dhol na theine. Bha mòran dhaoine air an losgadh no air am marbhadh leotha. Bha lampaichean gas aig teaghlaichean na bu bheairtiche, ach b' e glè bheag aig an robh solais dealain.



Seo comharra Fogger. B' e malartaiche iarainn, a bhiodh a' gabhail brath air na bochda, a bh' ann am Fogger. Bhiodh Foggeran a' reic pìoban iarainn ri tarragadairean agus an uair sin a' ceannach nan tarrag air ais bhuapa. Ach bhiodh iad a' pàigheadh nan tarragadairean le comharan nach gabhadh cleachdadh ach ann am bùithtean Fogger a-mhàin, far an robh a h-uile rud tòrr na bu daoire.



Bha mustaird a' dèanamh biadh tharragadair na bu bhlasta. Bha bogadh ann an amar mustaird a' faothachadh goirteas. Bha e na bu shaoire na pàigheadh airson dotair no cungaidh-leighis.

Bha am mustard seo ga cheannach bhon Cho-op, bùth a chaidh a chur air chois le luchd-obrach a thàinig còmhla airson am bùithtean fhèin a stèidheachadh anns an robh a h-uile càil a reic na bu shaoire na bha ann am bùithtean Fogger.

Luchd-fianais



"Oighrig bhoichd. Tha aice ri bhith ag obair tro chomharrachaidhean an Iubailidh. Tha mi a' feuchainn ri obrachadh a-mach na th' againn de dh'airgead airson na seachdainne, ach tha e doirbh leis an fhuaim.

Màl	2s.6d
Teasachadh an teallaich	1s.6d

Dè tha mi air dìochuimhneachadh?

Lampa ola	2d
Siabann	3d
Iomadaich	3d

Tha iomagain air Oighrig. Tha i ag ràdh gu bheil Muga Iubailidh Ealasaid air a dhol air chall. Bidh a cridhe briste nuair a gheibh i a-mach nach eil sgeul air. O, tha fios agam cò air a thèid a' choire a chur. Ormsa, Ailean Mac a' Ghobhainn!

Ceart, tha mi air rudan nach buineadh dhomh a ghoid roimhe, agus air sgillinn no dhà fhaighinn air an son. An do dh'iarr mise a bhith air mo leòn shìos sa mhèinn? Cha do dh'iarr! Agus ghabhadh duine sam bith siuga no dhà leann is smoc thombaca nam biodh am pian a th' ormsa orra.

Innsidh mi dhut cò a chunnaic mi air mo shlighe air ais - Anna Bennett. Thill mi airson grèim arain is càise, agus nuair a bha mi tionndadh a' chòrnair, ruith i a-mach às an taigh againne sìos an t-sràid. Dh'fhaodadh i a bhith air a' mhuga a thoirt leatha.

Càit an robh mi?

Margarain	1s
Càise	5d

Tha mi a' smaoineachadh gur e sin e ... ach leann agus ... tombaca ... tha sin 3d a bharrachd ach ... 's e an Iubailidh a th' ann, nach e?"

An Sgeulachd

Bùth-obrach: Tha Oighrig air faighinn a-mach nach eil sgeul air Muga Iubailidh Ealasaid. Tha iomagain mhòr air Oighrig mu Ealasaid, a tha gu math troimh-a-chèile an dèidh bàs a peathar bhig, Neilidh. Bhiodh Ealasaid airson am muga a roinn le Neilidh nam biodh i beò.

Cidsin: Tha Ailean, athair Ealasaid, a' mionnachadh nach eil esan air falbh le a Muga Iubailidh.

Rùm-sgoile



Bha a' chlann-sgoile nan suidhe ann an sreathan dheasgaichean a bha mu choinneimh a' bhùird-dhuibh is an tidseir. Ann an sgoiltean na bu lugha, bhathas a' teagaisg clann de gach aois san aon rùm. Ach ann an sgoiltean mòra dh'fhaodadh leth-cheud a bhith san aon chlas. Bha deasg an tidseir na b' àirde gus am biodh e furasta dhaibh faicinn an robh a h-uile duine a' dèanamh an cuid obrach.

Nithean



A h-uile latha bhiodh an tidsear a' sgrìobhadh co mheud a bha san sgoil air a' bhòrd-fhrith-ealaidh. Bha còir aig clann eadar 5 agus 11 a bhith san sgoil. Bhiodh màthraichean mòran den chloinn gan cumail aig an taigh, ge-tà, airson cuideachadh leis an obair. Bha Anna, caraid Ealasaid, tric air a cumail aig an taigh.


Bha an sgoil a' tòiseachadh aig naoi is a' crìochnachadh aig leth uair an dèidh ceithir, le dà uair a thìde airson dìnnear.



Seach nach robh leabhraichean aig na sgoilearan bhiodh an tidsear a' sgrìobhadh a h-uile càil le cailc air a' bhòrd-dhubh. Nuair a bha an obair deiseil bhiodh an tidsear a' suathadh na cailc dheth. Cha bhiodh a' chlann ag ionnsachadh uimhir a chuspairean 's a tha thusa an-diugh. Mar bu trice, bhiodh iad ag ionnsachadh leughadh is sgrìobhadh agus matamataigs shìmplidh.



'S e gliogan fiodha a tha seo. Bhiodh cuid de thidsearan ga chleachdadh gus aire na cloinne a chumail, no airson guthan na cloinne a chumail còmhla nuair a bha iad ag aithris a' chlàir-cunntaidh. A thuilleadh air a' chlàir-cunntaidh, bha aig clann ri aithris a dhèanamh air bàrdachd agus liostaichean fada, leithid leabhraichean a' Bhìobaill.



Seo cuip. Bha tidsearan a' smaoineachadh gum bu chòir do chlann a bhith ag obair gu sàmhach. Nam bruidhneadh duine nuair nach robh còir aca, nam biodh iad mì-mhodhail, no fadalach airson na sgoile, dheigheadh am peanasachadh air a shon gu math tric. B' e an cuip am peanas bu mhiosa. Bhualadh an tidsear thu air na làmhnan, no air cùl nan casan, no air do thòin.



Bha mugaichean mar seo air an toirt dha cuid de chlann mar thiodhlac airson Iubailidh Daoimein na Bànrigh Bhictoria. Ann an àiteachan eile bha buinn air a thoirt dhaibh, no tionnaichean bhriosgaidean. Bha clann mar Ealasaid Nic a' Ghobhainn à teaghlaichean gu math bochd. Cha robh mòran aca is mar sin bha a bhith a' faighinn Muga Iubailidh cudromach dhaibh.

Luchd-fianais



"Thug mi seachad na mugaichean Iubailidh an-dè. Deagh smuain. Rudeigin air an cuir a' chlann luach. "Bithibh taingeil a chloinn," sin a thuirt mi riutha. "Bidh mi gu math troimh-a-chèile mura gabh sibh cùram dhiubh."

Tha mi a' smaoineachadh gun gabh. 'S e glè bheag den cuid fhèin a th' aig a' chuid mhòr dhiubh.

Ach, chan eil e math dha daoine rudan fhaighinn an-asgaidh, a bheil? Gu dearbh, 'Tha obair chruaidh a' tighinn le a buannachdan fhèin'. Sin a bu chuireach gun robh aca uile ri soirbheachadh san deuchainn mus fhaigheadh iad am mugaichean.

Fhuair iad uile troimhe. Ach aon a-mhàin, Anna Bennett. Dh'fhàg mi am muga aice-se air mo dheasg. Cha robh e na iongnadh gun dh'fhàillig i. Cha mhòr gu bheil i san sgoil. Bidh a màthair ga cumail aig an taigh airson coimhead an dèidh a bràithrean is a peathraichean fhad 's a tha ise ri tarragadaireachd.

Gu nàdarrach, bha i troimh-a-chèile. Bha agus a caraid, Ealasaid Nic a' Ghobhainn. Chunnaic mi iad an dèidh na sgoile. Bha Ealasaid a' toirt a muga fhèin dha Anna.

Thuirt mi, "Ealasaid, chan ann airson a thoirt seachad a tha sin idir." "Cha robh mi ach a' leigeil le Anna a chumail airson mionaid," thuirt i.

Uill, thug sin orm smaoineachadh. An robh mi air a bhith ro throm air Anna? Tillidh mi a dh'fhaighinn muga dhith. Chì mi i aig Fèill an Iubailidh."

An Sgeulachd

Bùth-obrach: Tha Oighrig air faighinn a-mach nach eil sgeul air Muga Iubailidh Ealasaid. Tha iomagain mhòr air Oighrig mu Ealasaid, a tha gu math troimh-a-chèile an dèidh bàs a peathar bhig, Neilidh. Bhiodh Ealasaid airson am muga a roinn le Neilidh nam biodh i beò.

Cidsin: Tha Ailean, athair Ealasaid, a' mionnachadh nach eil esan air falbh le a muga Iubailidh.

Rùm sgoile: Tha Muga Iubailidh air a' bhòrd. 'S ann le Anna a tha e. Cho-dhùin Maighstir Hadley a muga fhèin a thoirt dha Anna an dèidh gach cùis.

Fèill an Iubailidh



B' e latha miorbhaileach a bh' ann an latha Iubailidh Daoimein na Bànrigh Bhictoria, gu h-àraidh dhan chloinn. Air feadh na dùthcha, thàinig daoine ri chèile airson a chomharrachadh. Bha geamannan is rèisean ann, ceòl is seinn, agus gu leòr ri ith is ri òl. An uair sin, nuair a thòisich e a' fàs dorch, las iad teintean mòra a shoilleirich adhar na h-oidhche.

Nithean



Aig cuid de chomharrachaidhean b' e òrgan baraille ris an canar 'Hurdy Gurdy', le Arm an t-Saoraidh, a bha a' dèanamh a' chiùil. Nuair a chuireadh tu car dhen làimh, chluicheadh an t-òrgan baraille port.

Bhiodh Arm an t-Saoraidh a' dol gu àiteachan far an robh tòrr misg, is far an robh daoine bochda. Bhiodh iad a' cumail seirbheisean a-muigh.



Carson a bha amar tiona aig comharrachadh an Iubailidh? Seach gun robh e làn liomaineud! Bhiodh tòrr dhaoine a' dèanamh an liomaineud fhèin aig an taigh. Bha e na bu shaoire is bha blas a' cheart cho math air. Ach airson gu leòr a dhèanamh dha sluagh mòr, dh'fheumadh tu rudeigin mòr air a shon. Bha amar tiona an dearbh mheud.



Cha robh na comharrachaidhean Iubailidh gu lèir coltach ri chèile.

Bhiodh rèisean anns a' mhòr-chuid de dh'àitean. Bhiodh rèisean ruithe air an sgaradh eadar diofar aoisean, agus eadar balaich is clann-nighean. Dh'fhaodadh gum biodh rèis no dhà ann dha inbhich agus, 's dòcha, rèis phoca, rèis bhara agus rèis ugh is spàin. Gu math tric dheigheadh duaisean a thoirt seachad.



Ciamar a chòrdadh e riut suiteis fhaighinn airson rèis a bhuannachadh? Cha shaoileadh tu mòran dheth, an saoilleadh? Ach cha robh clann leithid Ealasaid a' faighinn mòran, is mar sin bha suiteis na rud uabhasach math. Bha iad anns a h-uile seòrsa dath, cumadh is meud. Bhathas gan cumail ann an crogain is bheireadh fear na bùtha dhut iad. 'S iad a bha a' còrdadh riutha.



Bha barrachd obrach am beatha chlann tharragadairean na bh' ann de chluich. Cha b' urrainn dham pàrantan mòran dhèideagan a cheannach dhaibh. Bhiodh iad a' cluich le dèideagan simplidh leithid cearcall no màrbalan. Bha cearcaill air an dèanamh à meatailt. Bha màrbalan de dhiofar sheòrsa ann. 'S dòcha nach biodh aig clann bho chd ach màrbalan crèadha no iarainn. Ach, nam biodh tu math dheth, bhiodh màrbalan brèagha glainne agad.

Luchd-Fianais



Easbaig chòir,

Tha mi an dòchas gu bheil sibh a' cumail gu math. Tha mi a' sgrìobhadh bho Comharrachaidhean Iubailidh Bruach a' Chuaraidh. Latha dhan a h-uile duine. An fheadhainn as urrainn latha dheth a ghabhail bhon obair, co-dhiù. Tha feadhainn nach urrainn.

Tha faireachdainn iongantach ann! Tha geamannan is rèisean ann. Ceòl is seinn. Pailteas ri ithe agus làn amaran de liomaineud!

Tha caitheamh beatha gu math bochd aig a' mhòr-chuid an seo. Na bu tràithe, chunnaic mi Ealasaid Nic a' Ghobhainn is Anna Bennett, clann-nighean òga bho dà theaghlach air leth bochd, a' coimhead na bu thoilichte na chunnaic mi iad o chionn ghreis mhòir. Deagh charaidean. Bhuannaich Anna aon de na rèisean, ach chan eil fhios agam dè an duais a thagh i. An dèidh sin chunnaic mi iad a' togail flùraichean.

Chaochail piuthar bheag Ealasaid seachdain no dhà air ais. Bhuail e cruaidh air Ealasaid bhochd. Chuala mi gun do dh'iarr Anna is Ealasaid air fear an 'Hurdy Gurdy' laoidh a chluich dha Neilidh. An uair sin ruith an dithis aca a dh'ionnsaigh a' chlaidh. Ealasaid le flùraichean brèagha fiadhaich, agus Anna le Muga Iubailidh. 'S dòcha gur e sin a thagh i mar dhuais. Sgrìobhaidh mi thugaibh a dh'aithghearr. Ach an-dràsta, tha mi 'n dòchas gum bi sìth agaibh.

Le dùrachd,
An t-Urramach Uilleam Manning

An Sgeulachd

Bùth-obrach: Tha Oighrig air faighinn a-mach nach eil sgeul air Muga Iubailidh Ealasaid. Tha iomagain mhòr air Oighrig mu Ealasaid, a tha gu math troimh-a-chèile an dèidh bàs a peathar bhig, Neilidh. Bhiodh Ealasaid airson am muga a roinn le Neilidh nam biodh i beò.

Cidsin: Tha Ailean, athair Ealasaid, a' mionnachadh nach eil esan air falbh le a Muga Iubailidh.

Rùm sgoile: Tha muga Iubailidh air a' bhòrd. 'S ann le Anna a tha e. Cho-dhùin Maighstir Hadley a muga fhèin a thoirt dha Anna an dèidh gach cùis.

Comharrachaidhean an Iubailidh: Fhad 's a bha am baile a' comharrachadh an Iubailidh, chunnaic An t-Urramach Manning Ealasaid agus Anna a' ruith a dh'ionnsaigh a' chlaidh is iad a' giùlain flùraichean is Muga Iubailidh.

Beachd an Eòlaiche

A' sealltainn air ais air an fhianais, tha mi a' smaoineachadh gur e seo na tuairmsean as cudromaiche:

- A. Leabhar-latha Oighrig
- B. Na notaichean air liosta ceannachd Ailean
- C. Leabhar-sgoile Mhgr. Hadley
- D. Litir a' Mhinisteir chun an Easbaig

Dè a tha na tuairmsean sin ag innse dhomh?

Tha leabhar-latha Oighrig a' sealltainn gun robh Ealasaid troimh-a-chèile oir bha i airson am Muga Iubailidh a thoirt dha Neilidh.

Tha an leabhar-latha cuideachd ag innse dhuinn gun robh i amharasach, an dà chuid, mu Anna agus Ailean, ach tha fios againn nach robh adhbhar aig Anna am Muga Iubailidh a thoirt leatha seach gun robh Maighstir Hadley air a muga fhèin a thoirt dhith.

San aon dòigh, tha liosta Ailean a' sealltainn nach tug esan leis e.

Tha an leabhar-sgoile ag innse dhuinn gur e sgoilear math a bh' ann an Ealasaid is mar sin, cha robh adhbhar aig Maighstir Hadley a peanasachadh le bhith a' toirt bhuaipe am muga.

Ach, chan urrainn dhuinn a bhith buileach cinnteach dè a thachair dha Muga Iubailidh Ealasaid, ach tha litir a' Mhinisteir chun an Easbaig a' foillseachadh an t-suidheachadh as coltaiche. Seallaidh sinn ri dè dh'fhaodadh a bhith air tachairt.



Ministear: Cha robh e doirbh an lorg. Aon uair 's gun smaoinich mi mu dheidhinn. Thuig mi an dèidh dhaibh laoidh iarraidh agus na flùraichean a thogail.



Chuir e iongnadh orm gun chuir iad don mhuga iad, ge-tà. Ach cha robh bhàs cheart air an uaigh. O, agus cha do thagh Anna Bennett am Muga Iubailidh mar a duais, thagh i suiteis, is roinn i iad le Ealasaid.



Oighrig Nic a' Ghobhainn: Bu chòir fios a bhith agam. Bhon toiseach, bha Ealasaid airson am muga a bhith aig Neilidh. Bha fios agam nach biodh Anna air falbh leis - chan e sin an seòrsa tè a th' innte.



Ailean, ge-tà, tha esan eadar-dhealaichte. Nuair a tha e airson siuga leann fhaighinn, chuirinn rud sam bith às a leth. Chan e droch dhuine a th' ann. Ach bho sgair e a dh'obair, chan e an t-aon duine a th' ann. Tha mi toilichte gun robh mi ceàrr mu dheidhinn, ge-tà.



Ailean Mac a' Ghobhainn: Cha do chreid duine mi nuair a thuirt mi nach robh mi air falbh le muga Ealasaid - ach cha robh. Bha e aice fhèin fad an t-siubhail - gus an cuireadh i air uaigh Neilidh e.



Bha mi ceàrr mu Anna Bennett falbh leis. Bha an cothrom aice, ceart gu leòr. A-nise, 's iongantach mura goid cuideigin e bhon uaigh. Tha mi an dòchas nach goid, ge-tà. Bhriseadh sin, dha-rìribh, cridhe Ealasaid.